



## Ceistean

### Coimhead air duilleag 31.

1. (a) Dè an structar a tha air a' chiad pharagraf?  
(b) Dè cho èifeachdach 's a tha an structar seo?

### Coimhead air duilleag 31 - *“Ò nach seall thu cà' bheil thu a' dol!”*

2. Dè cho èifeachdach 's a tha e gu bheil na faclan seo taobh a-staigh nan comharran-cainnt?
3. Ciamar a tha an sgrìobhadair a' toirt air an leughadair tuigsinn nach eil Eilidh idir ag iarraidh feitheamh ri lioft a thoirt don nighinn eile?

### Coimhead air duilleag 32.

*“Bha aice ri dannsa a dhèanamh agus ri òrain a ghabhail.”*

4. (a) Dè tha sònraichte mun chòigeamh paragraf air an duilleig seo?  
(b) Dè cho èifeachdach 's a tha seo?

### Coimhead air duilleag 33.

**5. Tagh abairt a tha a' dearbhadh gun robh Eilidh nearbhach.  
Coimhead air duilleag 34.**

- 6. (a) Dè an sgit-sgrìobhaidh a tha an t-ùghdar a' cleachdadh sa chiad paragraf?  
(b) Dè a' bhuidh a th' aig an sgit-sgrìobhaidh seo?**

*“Anns an teatair, Eilidh. Tha thu anns an teatair.”*

**7. Tha an sgrìobhadair a' cleachdadh cleas-cainnte an seo.  
Dè a' bhuidh a th' aig a' chleas-cainnte seo?**

**Chunnaic Eilidh gun robh a cas air “a còmhdach chun na glùine le plastar pinc”.**

**8. Dè tha neònach mun t-suidheachadh anns a bheil Eilidh a-nis?**

**Coimhead air duilleag 37.**

- 9. (a) Dè tha sònraichte mun t-seantans mu dheireadh sa cheathramh paragraf?  
(b) Dè a' bhuidh a tha aig an t-seantans seo?**

**Coimhead air duilleag 38.**

**10. Dè an seantans a tha a' sealltainn gu bheil Eilidh a' faireachdainn ciontach  
gun do ruith i seachad air Mairead gun diù sam bith a chur innte?**

**11. Carson a tha Eilidh a' toirt cuireadh do Mairead tighinn chun an taighe aice?**

**Smaoinich air an sgeulachd air fad.**

**12. Nad bheachd-sa, dè teachdaireachd na sgeòil?**

